

Do chòraichean nuair a bhios tu ann an stèisean poilis

STIÙIREADH DO CHLOINN IS DAOINE ÒGA

Tha a' bhileag seo a' toirt dhut fiosrachadh cudromach mu do chòraichean nuair a tha thu ann an stèisean poilis. 'S e a th' ann an còraichean ach na saorsainnean agus taicean a tha againn uile a tha air an dìon leis an lagh. Tha còraichean eadar-dhealaichte aig clann fo aois 18 na th' aig inbhich, agus mar sin tha a' bhileag seo a' mìneachadh dè na còraichean a th' agad.

Ma tha thu eòlach air, agus a' tuigsinn, do chòraichean, is urrainn seo do chuideachadh gus fios a bhith agad a bheilear a' dèiligeadh riut gu cothromach. Tha e mar dhleastanas air na poilis do dhìon bho chron agus a bhith a' coimhead às dèidh do shunnd fhad 's a tha thu aig stèisean a' phoilis, fiù 's ged a bhiodh fianais aca a tha a' sealltainn gur dòcha gun do rinn thu rudeigin a dh'adhbharaich cron.

Leugh am fiosrachadh seo cho luath 's as urrainn dhut. Cuidichidh i thu gus co-dhùnaidhean a dhèanamh fhad 's a bhios tu ann an stèisean a' phoilis. Bheir an neach a bheir a' bhileag seo dhut cuideachadh dhut le bhith ga leughadh agus ga tuigsinn. Faighnichidh iad dhiot cuideachd am bu toil leat dreachd eile den bhileig seo, mar eisimpleir, bileag ann an cànan eile no bileag a tha nas fhasa a leughadh.

1. Tha a' chòir agad fios a bhith agad carson a tha am poileas gad chumail ann an stèisean a' phoilis.


2. Tha a' chòir agad fios a bhith agad carson a tha am poileas air do thoirt gu stèisean a' phoilis.



3. Feumaidh tu d' ainm, do sheòladh, do latha-breith agus do nàiseantachd a thoirt do na poilis ma tha iad fios agad orra. Is iad seo na h-aon cheistean a dh'fheumas tu freagairt. **Tha a' chòir agad gun a bhith a' freagairt ceist sam bith eile.**

4. **Tha a' chòir agad gun tèid innse do chuideigin gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.** Faighnichidh na poilis dhìot am bu toil leat gun innis iad do chuideigin gu bheil thu ann. Dh'fhaodte gur e ball den teaghlach a bhios ann, no do chompanach, do neach-cùraim, do charaid no neach sam bith eile air a bheil thu eòlach. Dh'fhaodte nach bi e ceadaichte dhut bruidhinn riutha. Ma tha thu fo aois 16, no fo òrdugh stiùiridh riatanach, tha a' chòir agad cuideachd gum bi cuideigin còmhla riut aig stèisean a' phoilis. Tha a' chòir agad gun tadhal do phàrant no neach-cùraim ort ann an stèisean a' phoilis.

5. **Tha a' chòir agad gun tèid innse do neach-lagha gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.** Faighnichidh na poileis dhìot am bu toil leat gun innis iad do neach-lagha gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis. Dh'fhaodte gur e seo do neach-lagha fhèin, no thèid neach-lagha eile a chur air dòigh dhut. Tha seo an-asgaidh.



6. **Tha a' chòir agad bruidhinn ri neach-lagha gu prìobhaideach aig àm sam bith.** Tha seo an-asgaidh.

7. **Tha còir agad neach-lagha a bhith an làthair ma nì na poilis agallamh còmhla riut.** Tha seo an-asgaidh.

8. **Ma tha thu fo aois 16, feumaidh neach-lagha a bhith an làthair nuair a bhios na poilis a' dèanamh agallamh còmhla riut ach a-mhàin nan cuireadh seo cuideigin ann an cunnart.** Ma tha thu 16 no 17 agus fo òrdugh stiùiridh riatanach, feumaidh neach-lagha a bhith an làthair nuair a nì na poilis agallamh còmhla riut mura h-eil suidheachadh air leth ann.

10. **Tha a' chòir agad air biadh is deoch. Thèid uisge a thoirt dhut.** Thèid biadh a thabhann dhut ma tha thu aig stèisean a' phoilis fad còrr is ceithir uairean a thìde. Bu chòir do na poileis faighneachd dhìot a bheil feumalachdan ithe sònraichte sam bith agad cho luath 's a ghabhas.

9. **Tha còir agad air taic mheidigeach ma tha thu tinn no air do ghoirteachadh. Tha seo a' gabhail a-steach cuideachadh le do shlàinte-intinn.** Cuiridh na poileis ceistean ort mu do shlàinte is do shunnd gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coimhead às do dhèidh gu ceart fhad 's a bhios tu ann an stèisean poilis. Tha e cudromach gun innis thu do na poileis ma tha suidheachadh meidigeach ort a dh'fhaodadh buaidh a thoirt ort nuair a tha thu aig stèisean a' phoilis. Dh'fhaodte gun iarr na poileis air nurs no dotair dèanamh cinnteach gu bheil thu ceart gu leòr. Nithear seo gus dèanamh cinnteach gun tèid coimhead às do dhèidh mar as còir nuair a bhios tu ann an stèisean a' phoilis. Bu chòir do na poilis faighneachd dhìot am feum thu bruidhinn ri dotair, nurs no proifeiseantach slàinte eile.

More guidance...

Ma tha taic a bharrachd a dhìth ort

Dh'fhaodte gum bi feum agad air taic gus tuigsinn na tha a' dol nuair a bhios tu ann an stèisean a' phoilis. Ma tha thu 16 bliadhna no nas sine, faodaidh an cuideachadh seo a bhith bho neach-taic ionnsaichte ris an canar Inbheach Iomchaidh. Dh'fhaodte gum bi feum agad air seo ma tha ciorram ionnsachaidh no trioblaid slàinte-intinn ort. Ma tha am poileas den bheachd gu bheil thu feumach air taic bho Inbheach Iomchaidh, gheibh iad Inbheach Iomchaidh tighinn, fiù 's mura h-iarr thu fhèin seo.

A' faighinn eadar-mhìnichear gus do chuideachadh

Tha e cudromach gun tuig thu na thathar ag ràdh ann an stèisean a' phoilis. Mur eil comas labhairt agad sa Bheurla, no mur eil thu a' tuigsinn na Beurla, gheibh am poileas cuideigin aig a bheil do chànan gus do chuideachadh. Is e eadar-mhìnichear a chanas tu ri seo. Tha seo an-asgaidh.

A' faighinn cuideachadh le conaltradh

Tha e doirbh do mhòran dhaoine a bhith a' tuigsinn na tha a' tachairt aig stèisean a' phoilis. Bu chòir do na poileis faighneachd dhiot a bheil feum agad air cuideachadh no mur eil thu cinnteach mu rud sam bith. Bu chòir dhaibh cuideachadh a thabhann dhut le leughadh ma tha feum agad air. Ma tha thu bodhar no ma tha trioblaidean agad le bhith a' dèanamh conaltradh gu soilleir, gheibh am poileas cuideigin gus do chuideachadh. Dh'fhaodte gur e neach-mìneachaidh BSL no proifeiseantach eile a bhiodh ann. Tha seo an-asgaidh.

Mur eil thu nad Bhreatannach

Mur eil thu nad Shaoranach Breatannach, faodaidh tu iarraidh air a' phoileas fios a chur dhan Àrd-choimisean, Ambasaid no Consalachd, gus innse dhaibh far a bheil thu agus carson a tha thu ann an stèisean a' phoilis. Faodaidh cuideigin tadhal ort gu prìobhaideach an uair sin agus neach-lagha a chur air dòigh gus d' fhaicinn.

Dè thachras ma thèid casaid a chur ort no ma thèid do thoirt do stèisean a' phoilis mar thoradh air barantas?

Mas e is gun tèid casaid eucoir a chur ort, dh'fhaodte gum bi cead agad falbh, no dh'fhaodte gun tèid do chumail ann an stèisean a' phoilis agus gun tèid do thoirt dhan chùirt air an ath latha a tha comasach. Ma chaidh do thoirt a-steach dhan stèisean poileis air barantas, dh'fhaodte gun tèid do chumail an greim agus an uair sin gun tèid do thoirt dhan chùirt air an ath latha a bhios comasach. Ann an cuid de shuidheachaidhean, is dòcha gum faigh thu cead a dhol dhachaigh.

Dè cho fad 's urrainn dhut a bhith air do chumail an greim?

Is urrainn dhan poileas do chumail an greim airson suas ri 12 uairean a thìde gun a bhith a' togail casaid nad aghaidh. Faodaidh na poileis seo a leudachadh gu 24 uairean a thìde aig a' char as motha, ach dìreach ma dh'aontaicheas àrd-oifigear poileis ri seo. Tha a' chòir agad do bheachdan a thoirt seachad mun cho-dhùnadh seo, no faodaidh tu co-dhùnadh gum bruidhinn an neach-lagha agad ris na poilis air do shon.

A' faicinn na h-obair-pàipeir

Thèid nòta den fhianais sa chùis a thoirt dhut no dhan neach-lagha agad ma thèid a' chùis agad dhan chùirt. Bheir seo cothrom dhut no dhan neach-lagha agad ullachadh gus do dhìon. Tha a' chòir agad eadar-theangachadh fhaighinn air an fhiosrachadh, no aig a' char as lugha de na pàipearan buntainneach den obair-phàipeir seo mur eil thu a' tuigsinn na Beurla.

Stiùireadh a bharrachd...

Fiosrachadh mun chòir cothrom a bhith agad air neach-lagha

- Faighnichidh na poilis dhìot a bheil thu airson bruidhinn ri neach-lagha. Cuiridh am poileas fios gu neach-lagha dhut cho luath 's a ghabhas.
- Faodaidh tu bruidhinn ri neach-lagha gu prìobhaideach uair sam bith. Dh'fhaodte gum bi seo air a' fòn, no dh'fhaodte gun tìg iad gad fhaicinn ann an stèisean a' phoilis.
- Tha e àbhaisteach bruidhinn ri neach-lagha agus cha bhi e a' coimhead mar gun do rinn thu rudeigin ceàrr mas e is gum bruidhinn thu ri neach-lagha.
- 'S e dleastanas an neach-lagha do chòraichean a dhìon agus gus comhairle a thoirt dhut mun lagh.
- Faodaidh tu bruidhinn ri neach-lagha air a bheil thu eòlach no is urrainn dhan phoilis neach-lagh a chur air dòigh a bhruidhneas riut - 's e neach-lagha "air-ghairm" a chanas tu ris an neach-lagha seo. Tha an neach-lagha air-ghairm neo-eisimeileach agus chan eil i/e ag obair dhan poileas.
- Ma nì na poilis agallamh còmhla riut, faighnichidh iad dhìot am bu toil leat neach-lagha san t-seòmair còmhla riut nuair a thachras seo.
- Mar as àbhaist, chan fhaod na poilis agallamh a dhèanamh còmhla riut gun an neach-lagha agad a bhith an làthair mas e is gun do dh'iarr thu gum biodh neach-lagha san t-seòmair còmhla riut.
- Faodaidh tu do bheachd atharrachadh mu bhith a' bruidhinn ri neach-lagha agus faodaidh tu neach-lagha iarraidh uair sam bith. Innis dhan poileas cho luath 's a ghabhas agus cuiridh iad fios gu neach-lagha dhut.
- Mura tìg an neach-lagha gu stèisean a' phoilis aig an àm a gheall iad, no ma dh'fheumas tu bruidhinn ris an neach-lagha a-rithist, faodaidh tu iarraidh air a' phoileas fios a chur thuige/thuice a-rithist. Chan eil na poilis an urra ri cuin a thig an neach-lagha gu stèisean nam poileas aon uair 's gun tèid fios a chur thuca. Faodaidh na poileis do bheachdan agus do mhiannan a thoirt dhan neach-lagha seo ma tha thu ag iarraidh sin.

Do chòir gearan a dhèanamh

- Tha còir agad gearan a dhèanamh mun dòigh anns an deach do làimhseachadh leis a' phoileas.
- Ma nì thu gearan mu Phoileas Alba, cha toir seo droch bhuaidh air a' chùis agad.
- Faodaidh tu gearan a dhèanamh nuair a tha thu an greim.
- Ma tha thu airson gearan a dhèanamh nuair a tha thu ann an greim, can gu bheil thu airson bruidhinn ri inspector no cuideigin aig ìre nas àirde.
- Ma tha thu airson gearan a thogail às dèidh dhut a bhith air do shaoradh, faodaidh tu a dhol gu stèisean poileis sam bith.
- Ma chaidh do ghoirteachadh no do leòn le oifigear poileis nuair a chaidh do chur an greim no nuair a bha thu fo ghreim a' phoilis bu chòir dhut gearan a dhèanamh gu Roinn Inbhean Proifeasanta Poileas Alba.
- Gus gearan a dhèanamh cuir fòn gu 101 no rach chun an stèisein poilis ionadail agad.
- Faodaidh tu iarraidh air cuideigin eile gearan a dhèanamh air do shon cuideachd. Dh'fhaodte gur e pàrant, caraid, companach no cuideigin anns a bheil thu a' cur earbsa a bhios ann. Feumaidh tu do chead sgrìobhte a thoirt dhaibh.

Chaidh a' bhileag seo a cho-dhèanamh le buill de STARR, an aon àite ann an Alba do dhaoine a bha ann an cùram tèarainte, ann an com-pàirteachas le Ionad Certais Chloinne is Dhaoine Òga (CYCJ) agus Riaghaltas na h-Alba. Tha 'Do chòir gearain a dhèanamh' stèidhichte air susbaint bho People First Scotland.

Airson barrachd fiosrachaidh agus airson taic, faic justtherightspace.org

© Crown copyright 2023